Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur taic ris an obair againne."	**Leasachaidh Leantainneach** 9.1 80% den Phlana Leasachaidh againn air a chur an gnìomh ro 31 Màrt 2022 gus am bi sinn nar buidheann nas fheàrr do luchd-obrach agus luchd-ùidh	Tha mu 80% den Plana Leasachaidh air a chur an gnìomh mar-thà is tha sinn an dùil gum bi 100% ann ro 31.03.2022.			Ceannard
	9.2 Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach	Cha do thoisich obair air Aithris Luach as Fheàrr fhathast.			
	A' Lùghdachadh Carboin 9.3 Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a' cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn.	Chaidh bruidhinn air an obair a rinneadh gu ruige seo leis a' Mhanaidsear Gnìomhan agus fhuaradh sgrìobhainnean iomchaidh. Thathar an dùil tòiseachadh air an obair seo faisg air deireadh an Iuchair.			Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e., a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	**Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais**
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh	
Ceann-latha na Coinneimh	06/10/21	
Àite:	Aig astar	
Nì a' chlàr-ghnothaich	12.2	

Tiotal a' Phàipeir	Adhartas nas Luaithe	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig	
Air ullachadh le:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	23/09/2021	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Adhartas nas Luaithe: fios as ùr BnG	

1	**Adhbhar**
1.1	Airson am fiosrachadh as ùire a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu dheidhinn na h-iomairt Adhartas nas Luaithe.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh an iomairt Adhartas nas Luaithe a stèidheachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, gus na prìomhachasan ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 a thoirt air adhart. Tha am pìos seo ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23:- **"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge** Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba."
2.2	Bha a' chiad choinneamh "Adhartas nas Luaithe" ann am Battleby, faisg air Peairt anns an Lùnastal 2018, le riochdairean bho còrr is 20 ùghdarras poblach an làthair agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Bha coinneamh Adhartas nas Luaithe eile anns an Lùnastal 2019 agus dà eile air-loidhne anns an t-Sultain 2020 agus sa Ghearran 2021.
2.3	Tha obair Adhartas nas Luaithe a' dol air adhart le diofar bhuidhnean a' gabhail uallach airson 5 sruthan-obrach mar a leanas :-

Trusadh agus glèidheadh Thidsearan	Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)
Ionnsachadh didseatach agus meadhanan	MG ALBA is Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Eaconamaidh agus margaid-obrach	Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE)

Ceanglaichean coimhearsnachd	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh	MG ALBA

2.4 A bharrachd air co-obrachadh eadar diofar ùghdarrasan poblach, tha co-obrachadh taobh-a-staigh na buidhne a' dol air adhart cuideachd, le fòcas air na 5 sruthan-obrach seo.

2.6 Dhearbhaich buill Co-cruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Convention of the Highlands and Islands) anns a' Mhàirt 2021 gum bi iad a' cumail sùil air leasachadh na Gàidhlig fo sgèith nan diofar chuspairean air a' chlàr-gnothaich aca, mar eisimpleir taigheadas is leasachaidhean eaconamach.

3. Prìomh Aithris/Fiosrachadh

3.1 Thèid an ath choinneamh den iomairt Adhartas nas Luaithe air adhart tro ghoireas co-labhairt bhidio air 27 Sultain 2021 le Shirley-Anne Somerville BPA Rùnaire an Fhoghlaim sa chathair, le riochdairean bho mu 20 ùghdarrasan poblach an làthair, Bòrd na Gàidhlig nam measg.

3.2 Tha Bòrd na Gàidhlig air pàipear fiosrachaidh ullachadh airson na coinneimh, leis an fiosrachadh as ùire ann bhon choinneimh mu dheireadh sa Ghearran 2021 fo gach sruth-obrach. Tha seo an cois seo ann am PT1.

3.3. Bidh e comasach aithisg labhairteach leis an fhiosrachadh as ùire bhon choinneimh Adhartas nas Luaithe a thoirt seachad gu Buill a' Bhùird aig coinneamh a' Bhùird fhèin.

4. Moladh

4.1 Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' gabhail fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.

5. Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

5.1 **Buaidhean air Ionmhas**

Chan eil gin ann.

5.2 **Buaidhean air Luchd-obrach**

Tha e follaiseach gu bheil buaidh aig seo air obair taobh a-staigh na buidhne, le fòcas às ùr air na sruthan-obrach a' dèanamh diofar agus gu bheil seo a' còrdadh ri daoine. Tha dlùth cheangal eadar an obair seo agus a bhith a' cur phlanaichean reachdail aig na h-ùghdarrasan poblach an gnìomh, agus tha Adhartas nas Luaithe a' cruthachadh cothrom an ceangal eadar leasachadh na Gàidhlig agus planaichean reachdail a neartachadh am measg an sgioba.

5.3 **Buaidhean air Trèanadh**

Tha diofar luchd-obrach a' faighinn chothroman tron phròiseas seo gus na sgilean pearsanta aca fhèin a leasachadh.

5.4 **Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**

Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23

"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge
Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba."

Tha dlùth cheangal ann eadar Adhartas nas Luaithe agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig mar a tha Plana Corporra na buidhne ag amas air, gu sònraichte mar a leanas:-

	"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt ceannas do dh'Adhartas nas Luaithe leis an dùil gum bi e soirbheachail. Bidh seo a' neartachadh cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chur an gnìomh.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Bòrd na Gàidhlig

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2 PT1

Cunntas as ùr le Bòrd na Gàidhlig air Adhartas nas Luaithe – Sultain 2021

Chaidh an iomairt Adhartas nas Luaithe (FRP) a cho-stèidheachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig gan cur air adhart le raon de chom-pàirtichean a' raon phoblaich. 'S e prìomh amas a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 (PCNG) gum bi a' Ghàidhlig ga cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.
Tha am PCNG a' cur an cèill prìomhachasan, gealltanasan ùra agus prìomh chom-pàirtichean fo thrì chinn mar a leanas:

- Cur am meud cleachdadh na Gàidhlig.
- Cur am meud ionnsachadh na Gàidhlig.
- Cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig.

Tro lìbhrigeadh Adhartais nas Luaithe, tha oifigearan BnG air a bhith a' toirt comhairle is taic phroifeiseanta airson nan sruthan-obrach uile. Tha BnG air ceannardas cudromach a thoirt do na buidhnean com-pàirteachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi an iomairt co-thàthach agus air stèidheachadh air obair ann an com-pàirteachas.

<u>Cunntas as ùr air Sruthan-obrach Adhartais nas Luaithe</u>

Trusadh agus Glèidheadh Thidsearan

Teisteanas Teagaisg A bharrachd (ATQ) aig Oilthigh Shrath Chluaidh
Tha ATQ a' toirt cothrom do thidsearan nua-chànanan ann an àrd-sgoiltean Beurla gus Gàidhlig a chur ris an teisteanas nua-chànanan aca. Chaidh an cùrsa pìleatach seo a mhaoineachadh gu h-iomlan le BnG. Tha deichnear a' gabhail pàirt ann an toiseach, agus 's e com-pàirteachas a th' ann eadar Oilthigh Shrath Chluaidh agus Comhairle Baile Ghlaschu le taic bho GTCS agus BnG. An dèidh dhaibh an cùrsa a choileanadh gu soirbheachail, bidh com-pàirtichean a' tòiseachadh air Gàidhlig a lìbhrigeadh mar phàirt den tairgse curraicealaim airson nua-chànanan anns na sgoiltean aca bhon Lùnastal 2023.
Còmhla ri Glaschu, tha Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, Lannraig a Tuath agus Dùn Èideann air tidsearan a chur air adhart airson a' phìleit, a bhios mar dhòigh-obrach gu tur ùr airson cothrom air Gàidhlig a mheudachadh mar nua-chànan. Tha comas ann gum bi seo a' toirt cothrom air Gàidhlig do raon farsaing de sgoilearan àrd-sgoile, agus mar sin dh'fhaodadh e iarrtas airson Gàidhlig mar dhàrna chànan (L2) a bhrosnachadh anns a' bhun-sgoil.

Cùrsaichean Bogaidh Gàidhlig airson Luchd-cleachdaidh Foghlaim: tabhartasan
Tha BnG a' cumail orra a' toirt seachad a' chuid as motha de na cosgaisean ceangailte ri cùrsa bogaidh fad-bhliadhna aig na h-ionadan a leanas:

- Sabhal Mòr Ostaig (SMO, an t-Eilean Sgitheanach)
- Colaisde a' Chaisteil (Leòdhas)
- Oilthigh Ghlaschu (Glaschu)

Ri linn a' ghalair mhòr-sgaoilte, cha b' urrainn do mhòran ùghdarrasan ionadail tidsearan a leigeil às air a shon. Ann an seisean 2020-21, ge-tà, bha dithis thidsearan a' frithealadh Colaisde a' Chaisteil agus bha aon a' frithealadh SMO. Ann an seisean 2021-22, tha dithis thidsearan air an clàradh sa chùrsa aig Oilthigh Ghlaschu.

Ann an com-pàirteachas le Ùghdarrasan Ionadail, bidh sinn a' dèanamh lèirmheas air an t-solar san t-seisean 2021-22 agus bidh sinn a' sireadh dòighean ura gus barrachd thagraichean a bhrosnachadh.

Lèirmheas OECD

Tha BnG air freagairt ris a h-uile cho-chomhairleachadh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh lèirmheas an OECD. Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am Buidheann Comhairleachaidh air Luchd-cleachdaidh agus Com-pàirtichean, a bhios a' comhairleachadh an Àrd-ollaimh Muir air an raon-ùghdarrais aige a thaobh nan ath-leasachaidhean a thathar a' moladh airson foghlam na h-Alba. Bidh BnG a' fòcasachadh air ealantas a sholarachadh a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus teagasg cànan is cultar na Gàidhlig (FMG) san t-siostam foghlaim tro mheadhan na Beurla (EME) airson gach taobh den phròiseas ath-leasachaidh.

Sgeama Tabhartasan Foghlaim

Riaraich BnG maoineachadh luach cha mhòr £85,000 do 51 daoine fa leth tron sgeama Tabhartasan Foghlaim againn ann an 2020-21. Thug am maoin seo taic do dh'oileanaich ann an Tùs-thrèanadh Thidsearan Gàidhlig, luchd-cleachdaidh ann am FMG airson caochladh chùrsaichean Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd (CLPL), agus luchd-cleachdaidh ann am foghlam tro mheadhan na Beurla (EME) gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh. Tha sinn ag amas air £65k a thoirt seachad ann an tabhartasan do 44 tagraichean airson an t-seisein 2021-22. Ged a tha an àireamh seo beagan nas lugha na fhuaireadh ron ghalar mhòr-sgaoilte, tha sinn air ar brosnachadh gu bheil an ìre de dh'iarrtasan fhathast gu math àrd a dh'aindheoin na h-èiginne-slàinte a th' ann an-dràsta.

Oifigear Fastadh Thidsearan

Bidh Oifigear Fastadh Thidsearan ùr a' gabhail a dreuchd le BnG tràth san Dàmhair 2021. Bidh an t-oifigear, còmhla ri GTCS, ag adhartachadh a' phlana-obrach an dèidh Suirbhidh Nàiseanta nan Tidsearan. Bidh i cuideachd ag adhartachadh na h-iomairte nàiseanta ùire a bhios a' brosnachadh barrachd dhaoine gus dreuchdan fhaighinn ann am FMG. Chaidh tòrr obair ullachaidh a dhèanamh mar-thà air an dà iomairt seo gus dèanamh cinnteach gun tòisich iad air buaidh a thoirt seachad rè nam mìosan mu dheireadh de 2021 agus toiseach 2022.

Oifigear Foghlaim (Curraicealam Gàidhlig)

Thug BnG maoineachadh gus an dreuchd seo a chruthachadh aig Foghlam Alba. Bidh an t-Oifigear Foghlaim a' toirt taic do Fhoghlam Alba gus na gnìomhan sa Phlana Ghàidhlig aca a thoirt air adhart agus astar an adhartais a mheudachadh sa churraicealam Ghàidhlig san raon àrd-sgoile.

Fèis Ionnsachaidh na h-Alba 2021

Bidh BnG a' dèanamh seisean aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba 2021 (SLF) còmhla ri Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air mar a thathar a' leasachadh seirbheis FMG ùr ann an co-theacsa an Stiùiridh Reachdail. 'S e seo a' chiad tachartas a lìbhrig BnG aig an SLF, agus bidh sinn a' tairgsinn ion-chur aig a h-uile Fèis Ionnsachaidh na h-Alba san àm ri teachd.

Stiùireadh Reachdail mu Fhoghlam Gàidhlig

Tha BnG air ath-sgrùdadh nàiseanta a thòiseachadh air a' bhuaidh a tha air a bhith aig an Stiùireadh Reachdail. Tha Buidheann an Ath-sgrùdaidh a' gabhail a-steach riochdachadh bho Fhoghlam Alba, an sgioba Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba, Comann nam Pàrant Nàiseanta (CnamP), Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail

Gàidhlig agus Comhairle Baile Ghlaschu. Mar phàirt den phròiseas ath-sgrùdaidh, tha BnG agus CnamP ag obair le 2 ùghdarras ionadail gus an Stiùireadh Reachdail a chur air adhart ann an dòigh fhòcasaichte rè an t-seisein 2021-22.

Ionnsachadh Didseatach agus Meadhanan

e-sgoil agus Taic eile

Tha BnG a' gabhail pàirt sa bhuidheann choimeasaidh a tha a' beachdachadh air an tairgse nàiseanta aig e-sgoil agus air taic eile do FMG. Tha coinneamhan ceangail gan cur air dòigh a-nis eadar an sgioba e-Sgoil agus Sgioba Foghlàim a' Bhùird gus fiosrachadh a cho-phàirteachadh agus dòighean ùra innleachdadh anns am faodar co-obrachadh nas èifeachdaich a choileanadh.

Taic do Stòrlann

Goireasan didseatach a bharrachd gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh aig an taigh agus ath-shlànachadh an dèidh Covid – pròiseactan sònraichte air am maoineachadh le BnG gus taic a thoirt do phàrantan is teaghlaichean, leithid Gàidhlig nan Òg, agus stòrasan a bharrachd airson an t-siostaim FMG, a' gabhail a-steach Mothachas-Slàinte agus Sunnd.

Taic airson Luchd-cleachdaidh is Luchd-ionnsachaidh, Com-pàirteachas

LearnGaelic* agus *SpeakGaelic

Tha Bòrd na Gàidhlig a' leantainn orra ag obair gu dlùth còmhla ri MG ALBA agus prìomh chom-pàirtichean eile gus taic a thoirt don làrach-lìn LearnGaelic.scot mar ionad uile-fhreastail airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A bharrachd air sin, thug sinn maoineachadh gus frèam-obrach airson ionnsachadh cànain a leasachadh aig Oilthigh Obar Dheathain, agus an cùrsa is goireasan ionnsachaidh a leasachadh a bhios ceangailte ri SpeakGaelic, a thèid a chur air bhog air 18.10.21. Tha sinn cuideachd air maoineachadh a thoirt airson dreuchd an oifigeir a bhios a' co-òrdanachadh ghnothaichean agus airson for-ruigheachd gus oidean-ionnsachaidh a thrèanadh.

#cleachdi

Tha an sgeama #cleachdi, gus luchd-labhairt na Gàidhilg a chomharrachadh, ri fhaotainn a-rithist, le goireasan an-asgaidh rim faotainn tron làrach-lìn BnG.
A' leantainn air còmhraidhean ri SpeakGaelic agus com-pàirtichean eile, tha a' phròiseact *#cleachdi Còmhla* a' dol air adhart le rannsachadh agus cruthachadh làrach-lìn ùr *cleachdi.scot* tràth ann an 2022 gus ionadan far am bi Gàidhlig ga bruidhinn, air-loidhne agus far-loidhne, a bhrosnachadh, a chomharrachadh agus a mhapachadh.

Margaid Obrach agus Eaconamaidh

Gàidhlig san Àite-obrach

Tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart eadar BnG, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus E-sgoil leis an amas gun tèid sgeama "Gàidhlig san Àite-obrach" a stèidheachadh. Bidh seo a' neartachadh nan ceanglaichean eadar àitichean-obrach san raon phoblach, san raon phrìobhaideach agus san treas raon far a bheilear a' dèanamh fàisneachd gum bi cothroman obrach a' fàs agus far a bheil deagh chothroman ann gus Gàidhlig a chleachdadh, gach cuid a chum leas a' ghnothachais agus leas na coimhearsnachdan Gàidhlig far a bheil iad

suidhichte a neartachadh. Mar phàirt den Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF), dh'aontaich BnG ri maoineachadh luach £20,000 gus trèanadh ann an sgilean Gàidhlig a sholarachadh do phreantasan sna h-Eileanan an Iar ann an raon de chuspairean leithid cùram-cloinne, foghlam, cùram sòisealta agus na meadhanan.

Turasachd Ghàidhlig

Tha pàirt chudromach aig BnG ann am Buidheann-stiùiridh Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig. Tha sinn a' cumail oirnn a' comhairleachadh, a' cuideachadh agus a' maoineachadh iomadh pròiseact is leasachadh ceangailte ri cultar is turasachd. Tha cruinneachadh ùr de bhidiothan goirid, air an cruthachadh airson Turasachd Innse Gall le taic bho VisitScotland, Calmac agus Bòrd na Gàidhlig, a-nis rim faotainn air-loidhne. Tha na sia bhidiothan, a chaidh a chruthachadh ann an co-bhann le coimhearsnachdan ionadail, a' brosnachadh luchd-turais gus cultar na Gàidhlig a mhothachadh agus a lorg fhad 's a tha iad air chuairt do na h-Eileanan an Iar. Bidh an t-Albannach, anns an eagran air-loidhne aige sa mhìos seo, a' foillseachadh altan naidheachd air cultar na Gàidhlig aig am bi ceanglaichean ris na bhidiothan.

Coimhearsnachd

Cumhachdachadh Choimhearsnachdan

Stèidhich BnG com-pàirteachas le Fearann Coimhearsnachd na h-Alba (CLS) agus sholaraich sinn ionmhas airson maoin leasachaidh Ghàidhlig, leis an amas shònraichte gum bithear a' brosnachadh choimhearsnachdan sna h-eileanan gus cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd a mheudachadh. Mar phàirt den phasgan taice, bidh CLS a' fastadh Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a bhios ag obair le buidhnean coimhearsnachd. Bidh an sgeama ùr fosgailte ri iarrtasan gus 17.09.21 agus thèid co-dhùnaidhean air maoineachadh a dhèanamh le riochdairean coimhearsnachd.

Lìonra Oifigearan Coimhearsnachd Gàidhlig

Tha BnG air Lìonra Oifigearan Coimhearsnachd Gàidhlig a stèidheachadh mar phìleat gus barrachd leasachadh proifeiseanta agus barrachd co-obrachaidh is co-òrdanachaidh a chomasachadh am measg oifigearan Gàidhlig a tha stèidhte sa choimhearsnachd.

Oifigearan Gàidhlig

Tro chaochladh shruthan maoineachaidh, le maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba, tha BnG air lìonra nan oifigearan Gàidhilg ChnaG a leudachadh (mar a chithear ann an gorm air a' mhapa) a bharrachd air iomadh dreuchd ann an raointean eile. Tha am map gu h-ìosal a' sealltainn dè cho fad 's a tha oifigearan coimhearsnachd Gàidhlig a' ruigsinn air feadh na dùthcha. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn air an duilleig-lìn:
https://www.google.com/maps/d/viewer?hl=en&mid=1YAD20IpYaJs7mrx241wirHlbvooupI3K&ll=56.6512111554106%2C0.07773183166345454&z=7

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2 PT1

Bann Sgrìobhte airson Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar air còmhraidhean a chumail a' dol a thaobh Bann Sgrìobhte airson Gàidhlig a stèidheachadh anns na h-Eileanan an Iar ann an co-bhann ri raon de bhuidhnean eile. Tha an dà bhuidheann den bheachd gu bheil fàs na Gàidhlig san Eileanan an Iar an crochadh gu ìre mhòr air barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, maille ri foghlam agus factaran eaconamach agus sòisealta.

Plana Nàiseanta nan Eilean

Tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart le Riaghaltas na h-Alba air Plana Nàiseanta nan Eilean agus air mar a ghabhas Gàidhlig àbhaisteachadh nuair a thèid am plana a chur an gnìomh, agus am maoineachadh a thèid a sholarachadh tro chùmhnant nan Eilean.

Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Tha BnG air a bhith air ceann obrach gus Gàidhlig àbhaisteachadh leis na sruthan-obrach aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.3

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	06/10/21
Àite:	Aig astar
Nì a' chlàr-ghnothaich	12.3

Tiotal a' Phàipeir	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*	
Neach-labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Air ullachadh le:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	23/06/2021	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Clàr-ama Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	

1	**Adhbhar**
1.1	Airson fiosrachadh às ùr a thoirt do na Buill air adhartas le Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig (PNG) fhoillseachadh co-dhiù gach 5-bliadhna. Chaidh am fear a th' ann an-dràsta fhoillseachadh anns a' Mhàrt 2018 agus feumar an ath fhear fhoillseachadh tràth sa bhliadhna 2023.
2.2	Feumaidh Bòrd na Gàidhlig am PNG a sgrìobhadh agus an uair sin a chur gu Ministearan na h-Alba airson aonta.
2.3	Bhathas ag amas air a' chiad dreachd a chur air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air 06 Dàmhair 2021 a' sireadh aonta, ach air sgàth neo-làthaireachd luchd-obrach cha robh e comasach seo a choileanadh.
2.4	Thathas ag amas a-nis gun tig a' chiad dreachd air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air 15 Dùbhlachd 2021 mus tèid e a-mach gu co-chomhairle poblach airson trì mìosan.
2.5	Thathas den bheachd gum bi an dreachd mu dheireadh aig Bòrd na Gàidhlig deiseil anns an t-Sultain 2022. Tha an clàr-ama ann am PT1 stèidhichte air a' cheann-ùidhe seo.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	**<u>Còmhraidhean le luchd-ùidh</u>** Chum Bòrd na Gàidhlig 5 coinneamhan poblach air-loidhne eadar 07 agus 17 Ògmhios 2021 a' togail air a' cheisteachan a sgaoil Bòrd na Gàidhlig san Dùbhlachd 2020 mu chiad smuaintean air an ath Phlana Nàiseanta agus a' togail air na diofar chòmhraidhean le coimhearsnachdan sa bhliadhna mu dheireadh.

3.2	Bha na coinneamhan ann mar a leanas :- 07 Ògmhios 2021 - Luchd-labhairt anns na h-eileanan is sgìrean dùthchail 09 Ògmhios 2021 - Seisean le òigridh bho air feadh Alba 10 Ògmhios 2021 - Luchd-labhairt a tha a' fuireach ann am bailtean is bailtean mòra 14 Ògmhios 2021 - Do dhuine a bhios a' gabhail pàirt sa choimhearsnachd air-loidhne 17 Ògmhios 2021 - Seisean tro mheadhan na Bheurla
3.3	Bha na coinneamhan seo a' coimhead gu sònraichte air na prìomh phuingean bho ghrunn cho-chomhairleachaidhean agus deasbadan thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, a' gabhail a-steach ceisteachan Bhòrd na Gàidhlig air a' Phlana Nàiseanta, suirbhidh air cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga, co-comhairle ro-innleachdail air maoineachadh Bhòrd na Gàidhlig, còmhraidhean coimhearsnachd anns na h-eileanan a chur Alasdair Allan BPA agus Buill Pàrlamaid na h-Alba eile air dòigh agus sreath de chòmhraidhean a chaidh air adhart fo stiùir an Leas-phrìomh Mhinistear, Iain Swinney BPA.
3.4	**PNG#3 – Lèirmheas** Às dèidh pròiseas solarachaidh poblach tron làrach-lìn Public Contracts Scotland, tha Bòrd na Gàidhlig air coimisean a chur air dòigh le sgioba rannsachaidh fo stiùir Sabhal Mòr Ostaig gus leirmheas neo-eisimeileach a chumail air adhartas mu chur an gnìomh PNG 2018-23 gu ruige seo.
3.6	'S e an t-amas a th' ann aithisg ullachadh a bhios a' sealltainn dè chaidh a choileanadh gu ruige seo agus dè tha ri dhèanamh fhathast, a' gabhail a-steach na cothroman agus na dùbhlan a th' air a bhith ann agus a bhios ann fhathast ro dheireadh a' phlana. Bidh an aithisg seo mar ghoireas air leth feumail ann a bhith ag ullachadh PNG 2023-28.
3.7	Tha an sgioba ag obair air an dàrna dreachd an-dràsta, leis an dùil gum bi seo deiseil a dh' aithghearr.
3.8	**A' sgrìobhadh dreach 1** Tha buidheann-obrach le Cathraiche a' Bhùird, Ceannard a' Bhùird, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd agus Ceann Sgioba na Gàidhlig is Albais aig Riaghaltas na h-Alba air a bhith coinneachadh gu cunbhalach gus obair sgrìobhaidh a' chiad dreach a thoirt air adhart.
3.9	Thathas an dùil gun tig an dreach phlana air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh air 15 Dùbhlachd 2021 agus gun tèid co-chomhairle poblach air adhart anns an Fhaoilleach airson 3 mìosan.
4.	**Moladh**
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha na cosgaisean airson na h-obrach seo uile taobh a-staigh buidseat na bliadhna.

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	’S e fear de na dleastanasan as cudromaiche a th’ air Bòrd na Gàidhlig a bhith a’ sgrìobhadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha oifigearan air a bhith ag obair air seo is bidh airson nam mìosan a tha romhainn.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil aig an ìre seo ach tha e cudromach gum bi trèanadh ann dhan sgioba far a bheil sin a dhìth tron phròiseas seo.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**
	Leis gu bheil an dleastanas seo air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ’s e pròiseact deatamach a th’ ann gus an Achd seo a chur an gnìomh. Ann am Plana Corporra 2018-23 tha sinn a’ cantainn gur e fear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig a bhith “Ag ullachadh a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a’ co-òrdanachadh coileanadh a’ Phlana sin.” Bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri Plana Corporra 2023-28 ullachadh, le ceanglaichean làidir ri PNG 2023-28 airson sealltainn mar a bhios sinn a’ cur a’ Phlana Nàiseanta ùir an gnìomh.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☒
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☒
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Mar fhear de na prìomh dhleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 tha e cudromach airson cliù na buidhne gun ullaich sinn PNG 2023-28 a tha a’ gabhail a-steach nam prìomhachasan aig luchd-labhairt na Gàidhlig agus a bhios a’ toirt stiùir soilleir do leasachadh a’ chànain thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e cudromach cuideachd gum bi sinn a’ coileanadh an dleastanais seo a rèir a’ chlàir-ama a tha stèidhichte anns an Achd.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha dleastanas reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh.

5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Bidh againn ri measadh a’ dèanamh air a’ bhuaidh air co-ionannachd aig ìre 4 – Dreachd 2.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Seisean Fosgailte| Open Session
Cuspair 12.3 PT1

PNG 2023-28
Clàr-ama

Bliadhna		2020				2021												2022												2023
Mìos		9	10	11	12	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12	1	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11	12	
Ìrean																														
1	Ullachadh		Còmhraidhean le luchd-ùidh																											
						PNG#3 - Lèirmheas																								
2	Dreach 1 (D1)							Sgrìobhadh D1																						
3	Co-chomhairle phoblach																	Co-chomhairle												
4	Dreach 2 (D2)																				Sgrìobhadh D2									
5	Riaghaltas na h-Alba																										Riaghaltas na h-Alba			
6	Foillseachadh																													
Riaghladh																														
Buidheann-obrach PNG#4													D1																	
Coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh																	D1									D2				

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.4

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	06/10/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.4

Tiotal a' Phàipeir	Suirbhidh Luchd-ùidh	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	23/09/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- PT1 – Aithisg Suirbhidh Luchd-ùidh	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Is e adhbhar na h-aithisge seo geàrr-chunntas a thoirt dhan Bhòrd-stiùiridh air na prìomh thoraidhean bhon t-suirbhidh luchd-ùidh a thachair sa Chèitean am-bliadhna.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
	Seo an dàrna turas a chaidh an suirbhidh seo a ruith.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Bidh sinn a' ruith suirbhidh luchd-ùidh gach bliadhna bho seo a-mach. Cha deach a dhèanamh ann an 2020 air sgàth COVID-19.
3.2	Bha an suirbhidh fosgailte do dhuine sam bith eadar 11 agus 25 Cèitean 2021, le fios air sgaoileadh do bhuidhnean leis am bi BnG ag obair gu cunbhalach, tro bhrath-naidheachd is tro na meadhanan sòisealta. Chaidh an suirbhidh ann an 2019 do bhuidhnean a bha air liosta sgaoilidh a-mhàin.
3.3	Bha 70 freagairtean ann am-bliadhna (47 ann an 2019); le 15 (21%) dhiubh a' tighinn à daoine fa leth (0 ann an 2019).
3.4	Bha na h-ìrean riarachais beagan na b' ìsle am-bliadhna. Dh'fhaodadh gun robh buaidh COVID air sin no gun robh seo mar thoradh air freagairtean bho dhaoine a thuirt nach robh iad an sàs le BnG idir tron bhliadhna ionmhais.
3.5	Tha an sgioba ag obair air gnìomhan a chaidh a mholadh airson leasachaidhean an-dràsta agus thèid molaidhean eile a chur ris a' phlana leasachaidh leantainneach.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air a' phlana obrach an cois seo agus aontachadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha an sgioba a' toirt air adhart cuid de na molaidhean a tha a' nochdadh sna freagairtean. Tha moladh air an obair a tha an sgioba a' dèanamh gu soilleir sna

	toraidhean.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Amas Corporra 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha suirbhidh luchd-ùidh a' cur ri fosgailteachd aig a' bhuidhinn is bha toraidhean matha ann a-rithist am-bliadhna.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionnanachd** Chan eil buaidh ann.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Chan eil buaidh ann.

Aithisg Suirbhidh Luchd-ùidh 20-21

1. **Amas**

Mar phàirt de na leasachaidhean a thaobh conaltraidh is sheirbhisean, ruith BnG suirbhidh luchd-ùidh son a' chiad turais dà bhliadhna air ais. Bha an suirbhidh a' sireadh fiosrachadh air beachdan luchd-ùidh agus molaidhean airson leasachaidhean sna dòighean-lìbhrigidh aig BnG.

2. **A' Chiad Suirbhidh 2018-19**

Chaidh suirbhidh goirid a chruthachadh agus chaidh fios a sgaoileadh do na buidhnean leis an robh BnG ag obair gu cunbhalach, m.e. buidhnean poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig no buidhnean a bha a' sireadh taic-airgid (tha an liosta air fad ann an earrann 4) agus do dh'ainmean air liosta sgaoilidh BnG. Bha an suirbhidh fosgailte airson trì seachdainean anns a' Ghiblean 2019. Fhuair sinn 47 freagairtean uile gu lèir agus bha an suirbhidh feumail ann am beachdachadh air leasachaidhean ann an conaltradh gu sònraichte.

3. **An Dàrna Suirbhidh 2020-21**

Bha an t-amas ann gun rachadh an suirbhidh a ruith gach bliadhna ach air sgàth COVID-19, rinneadh co-dhùnadh nach biodh e iomchaidh fear a ruith anns a' Ghiblean 2020.

Chaidh an suirbhidh a ruith, gu poblach, air làrach-lìn BnG agus a shanasachd tro na meadhanan sòisealta, bho 11mh gu 25mh Cèitean 2021. A bharrachd air sin, chaidh fios do na buidhnean leis am bi sinn ag obair gu cunbhalach.

Bha 70 freagairtean ann an turas seo agus tha geàrr-chunntas sna dealbhan gu h-ìosal air na prìomh phuingean, le comas eadar toraidhean na bliadhna seo agus toraidhean 2019.

4. **Toraidhean**

Ceist 1: an innis thu dhuinn dè seòrsa neach-freagairt a th' annaibh?



Tha e soilleir gun do lìon fada a bharrachd dhaoine fa leth an suirbhidh an turas seo (20-21: 12; 18-19: 0).

Ceist 2: Gu dè an ìre a bheil sibh a' tuigsinn obair Bhòrd na Gàidhlig? (sgòr thar cheann a-mach à 5)

Ceist 3: A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig èifeachdach ann a bhith a' coileanadh nam prìomhachasan seo? (sgòr cuibheasach a-mach à 5)



Dh'fhaodadh gum biodh adhbharan eadar-dhealaichte ann gun deach an sgòr sìos, m.e. barrachd dhaoine fa-leth a' freagairt is mar as trice, bidh BnG ag obair le buidhnean seach daoine fa leth; buaidh COVID air conaltradh, pròiseactan agus lìbhrigidh leasachadh na Gàidhlig; no an deasbad a bha ann air cuspair nan coimhearsnachdan traidiseanta.

Ceist 4: Rè na h-ùine An Giblean 2020 - Am Màrt 2021, innsibh dhuinn mar a chaidh sibh an sàs le BnG.



Bha a' mhòr-chuid air a bhith ag obair le BnG a thaobh iarrtasan tabhartais (42) agus bha 15 luchd-freagairt ann nach robh an sàs le BnG rè na h-ùine sin.

Ceist 5: Gu dè an ìre 's gun do chuir ur conaltradh le Bòrd na Gàidhlig ris na tha sibh a' dèanamh? (sgòr cuibheasach a-mach à 5)



Tha an sgòr seo nas ìsle na bha e ann an 18/19 ach leis gun tuirt 15 (Ceist 4) nach robh iad an sàs le BnG, tha buaidh aig sin air an sgòr.

Ceist 6: Gu dè an ìre is gu bheil sibh ag aontachadh gun robh luchd-obrach BnG na chuideachadh dhuibh no don bhuidhinn agaibh? (à mach à 5)

Tha an sgòr seo nas ìsle na bha e ann an 18/19 ach leis gun tuirt 15 (Ceist 4) nach robh iad an sàs le BnG, tha buaidh aig sin air an sgòr.

A bharrachd air sgòradh, bha cothroman ann freagairtean sgrìobhte a chur a-steach às dèidh a' mhòr-chuid de na ceistean. Tha am fiosrachadh seo feumail agus tha sinn air adhartas a dhèanamh le cuid de na molaidhean, mar eisimpleir planaichean gu bhith a' cumail bùithtean-obrach airson buidhnean a tha airson iarrtas tabhartais a chur a-staigh; no oifigearan BnG a bhith stèidhichte ann an àitichean eadar-dhealaichte, gu sònraichte sna h-Eileanan an Iar; no neartachadh conaltradh le luchd-ùidh tro sheanailean eadar-dhealaichte.

5. Na h-ath cheumannan

Thèid an suirbhidh a ruith gach bliadhna bho seo a-mach gus treandaichean fhaicinn. Thèid analais a dhèanamh air na freagairtean sgrìobhte uile gu lèir gus fhaicinn a bheil molaidhean airson leasachaidhean eile ann ri cur sa phlana leasachadh leantainneach. Tha e soilleir gu bheil obair fhathast ri dèanamh ann am mineachadh dè na dleastanasan a th' air Bòrd na Gàidhlig fon Achd agus tha obair ri dèanamh mu dheidhinn sin. Gu farsaingeach, bha e air leth feumail an suirbhidh a ruith agus na beachdan fhaighinn, cuid dhiubh dùbhlanach agus cuid dhiubh gu math brosnachail.

Seisean Fosgailte
Cuspair 13.1

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	06/10/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	13.1

Tiotal a' Phàipeir	Clàr Mhì-Chinntean Ro-innleachdail	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach-labhairt:	Shona C NicIllinnein	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd	11/08/2021 08/09/2021	Airson Fiosrachadh Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT1 – Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha am pàipear seo a' toirt iomradh air na mì-chinntean ro-innleachdail a dh'fhaodadh a bhith a' bualadh air obair na buidhne. Chaidh an clàr ùrachadh aig coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd air 08/09/2021.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Bithear a' dèanamh sgrùdadh gu cunbhalach air na clàran mhì-chinntean gach ràith aig coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus coinneamhan na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd, agus gach mìos aig coinneamhan an Sgioba-stiùiridh is manaidsearan, gus dèanamh cinnteach gu bheil na clàran freagarrach a thaobh nam mì-chinntean a tha air an comharrachadh agus gus beachdachadh air na gnìomhan a thathar a' dèanamh gus rian a chumail air mì-chinntean agus gus mì-chinntean a lùghdachadh.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Às dèidh an t-seisein leasachaidh air rianachd mhì-chinntean a chaidh a chumail air 4 Lùnastal 2021, thèid Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail a chruthachadh agus thig e dhan Chomataidh. Thathar fhathast a' cleachdadh an t-seann chlàir aig an àm seo ge-tà. Mar thoradh air a' bhùth-obrach, thathar a' moladh gum bu choir an àireamh de ghnìomhan gus dèiligeadh ri mì-chinntean a lùghdachadh agus chaidh loidhne a chur tro na gnìomhan nach eil a dhìth sa chlàr tuilleadh. Chaidh ceithir mì-chinntean ìsleachadh: 1.1 – Buaidh COVID-19 air seann-dhaoine – buailteachd tachairt air a dhol sìos bho 3 gu 2 mar thoradh air sgaoileadh na banachdaich 1.2 Lùghdachadh ann am maoineachadh na Gàidhlig – buailteachd tachairt air a dhol sìos bho 4 gu 2 mar thoradh air gealltanasan manifesto airson na Gàidhlig 1.3 – Chan urrainn do chom-pàirtichean pròiseactan a lìbhrigeadh a chaidh a mhaoineachadh le BnG – buailteachd tachairt air a dhol sìos bho 2 gu 1 mar thoradh air lìbhrigeadh nan com-pàirtichean thairis air na 18 mìosan mu dheireadh 3.2 – Ùghdarrasan ionadail mì-dheònach fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig – buailteachd tachairt air lùghdachadh bho 3 gu 2 mar thoradh air mar thoradh air gealltanasan manifesto

	5.2 – buailteachd tachairt air lùghdachadh bho 3 gu 2 mar thoradh air deasbad fàbharach sa phàrlamaid agus nas lugha de bheachdan neo-fhàbharach sna meadhanan.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill: a) Beachdachadh air an ùrachadh mu dheireadh a chaidh a dhèanamh air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail. b) Beachdachadh air mì-chinntean feuch a bheil Buill den bheachd gum bu chòir dhuinn fiosrachadh ùr a chur ris na clàran mhì-chinntean c) An aonta a chur ris na clàran mhì-chinntean, a' gabhail a-steach molaidhean a thèid a dhèanamh a thaobh mì-chinntean a bharrachd nach eil air a' chlàr an-dràsta.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha mì-chinntean ann a dh'fhaodadh a bhith a' bualadh air ionmhas agus tha gnìomhan ann mun coinneamh.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha obair aig an sgioba gus ceuman a chur an gnìomh airson dèiligeadh ri cuid de na mhì-chinntean.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Cha bhi buaidh dhìreach aig an luchd-obrach ach a-mhàin gun cuirear ri an tuigse air na cùisean air a' chlàr mhì-chinntean.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdach agus Corporra**
	Amas a' Phlana Chorporra 4: Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha buaidh mhòr aig stiùireadh mhì-chinnteach air a' bhuidhinn. Tha ath-sgrùdadh cunbhalach air na clàran mhì-chinntean ro-innleachdail a' dèanamh cinnteach gum bi fòcas na buidhne air seo.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	n/a
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	n/a

Mhi-chinntean Ro-innleachdail

Seisean Fosgailte: Cuspair 13.1

Àireamh a' Chunnairt	Mìneachadh air a' Chunnart	Buaidh a' chunnairt (nan tigeadh an cunnart gu bith, sgriobhaibh na rudan a dh'fhaodadh tachairt)	Rianan-smachd gan Cur an Sàs (Le bhith a' gabhail ealla ris a' bhuaidh, sgriobhaibh dè tha a dhìth gus buaidh a' chunnairt a lùghdachadh)	Gnìomh Gabh ris / Dèilig ris / Gluais e / Cuir às dha / Gabh Cothrom	Ceann-latha air an deach a chomharra chadh	Nuair a rinneadh an sgrùdadh mu dheireadh air rianan-smachd	Measadh Làithreach air a' Chunnart			Sgòr a bh' ann roimhe	Gluasad san ìre de Chunnart	Sgòr gun ghnìomhan lasachaidh		Cò ris a tha an cunnart an urra
							A' Bhuaidh	Buailteach Tachairt	Sgòr airson a' Chunnairt						
Covid-19															
1.1	**Buaidh Covid-19 air seann-dhaoine**	A' call pàirt mhòr de ghinealach luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig aig a bheil beartas briathrachas agus eòlas cultarail, a' lagachadh bunait a' chànain.	A' dèanamh cinnteach gun tèid obair a dhèanamh sa bhad gus conaltradh bhiortail a mheudachadh eadar seann daoine agus daoine òga	**Dèilig ris:** Còmhla ri com-pàirtichean, brosnachaich conaltraidh thar ghinealach airson aonarachd nan seann-dhaoine lùghdachadh agus tar-aiseag cànain a mheudachadh.	Màrt 2020	Cèitean 2021	4	2	8	12	↓	4	3	12	Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
